


STORYWORLDS



An Geàrr agus an Sligeanach




Air ath-innse le Susan Akass • Dealbhan Wendy Sinclair



A' cleachdadh an leabhair seo

Tha an leabhar seo airson gum bi inbhich agus clann ga leughadh còmhladh. Bidh an t-inbheach a' leughadh toiseach na stòraidh air duilleig 1. Tha am pìos sin ag innse an dà chuid mu na caractaran agus beagan mun stòraidh. Tha a' chlann an uair sin a' leantainn leis an stòraidh le bhith a' leughadh nan duilleagan a leanas.



Uair a bha siud bha geàrr caol glas ann.

Bhiodh e tric a' bòstadh.

Aon là thuirt e ri sligeanach,


“S mise as luaithe air an t-saoghal.”

“Cuiridh mi geall gun dèan mise a' chùis ort,”
thuirt an sligeanach.


“Cha dèan thu,” thuirt an geàrr,


“tha thusa fada ro shlaodach.”

Mar sin dh'fheuch iad rèis.



“Seo mise a’ ruith,” thuir an gearr.
“Seo mise a’ ruith,” thuir an
sligeanach.





Ruith an geàrr suas an cnoc.
Ruith an sligeanach suas an cnoc.



Ruith agus ruith an geàrr.




“Chan eil sgeul air an t-sligeanach,”
thuirt an geàrr.

“Nì mi norrag chadail.”




Ruith agus ruith an sligeanach.




“O, nach seall sibh an geàrr!”
thuirt an sligeanach.


Ruith agus ruith an sligeanach.



“O, mo chreach! Seall an
sligeanach,” thuir an geàrr.



Ruith agus ruith an geàrr.



“Stad! Stad!” thuir an geàrr.
“Cha stad mi!” thuir an
sligeanach.

12

Foillsichearan Foghlaim Heinemann
Halley Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ

© Susan Akass
A' chiad fhoillseachadh 1996

Am foillseachadh seo anns a' Ghàidhlig 2000 le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair

A' Ghàidhlig le Anna NicDhòmhnaill

© na Gàidhlig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ughdarrasan a tha riochdaichte air MRG
Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo ath-riochdachadh an cruth
sam bith no an dòigh sam bith gun chead ro-làimh bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair.

Clò-bhuailte le Scotprint

LAGE/ISBN 0 86152 274 5